



Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig



Com-pàirteachas nàiseanta a' toirt taic do  
dh'fhoghlam Gàidhlig air feadh Alba  
Aithisg Bhliadhnail 2005-6

A national partnership supporting  
Gaelic education  
Annual Report 2005-6



INVESTOR IN PEOPLE

## 1. Ro-ràdh

Chaidh adhartasan a dhèanamh ann an obair Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig sa bhliadhna 2005-6, cho math ri atharrachaidhean mòra ann an suidheachadh an luchd-obrach. Bha leudachadh a-rithist sa phrògram eadar-ùghdarrais mar thoradh air meudachadh ann an tabhartasan nan ùghdarrasan agus ann an taic Bhòrd na Gàidhlig, ged a tha feum air àrdachaidhean mòra a bharrachd airson na beàrnan ann am foghlam Gàidhlig a lionadh.

Lean a' cho-obrachadh le com-pàirtichean eile leithid Bhòrd na Gàidhlig, CLAD agus LTScotland agus bha pàirt cudromach aig leasachaidhean IT leithid Gàidhlig air-loidhne, Cruinn-eòlas aig Astar agus [www.gaelic4parents.com](http://www.gaelic4parents.com) ann an obair na buidhne.


Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig

Sultain 2006



## 2. Stiùirichean agus Luchd-obrach

Tha an clàr gu h-ìseal a' sealltainn structar an luchd-obrach agus an dàimh a th' aige ri ballrachd na buidhne.



### 2.1 Am Bòrd Stiùiridh

Cha tàinig atharrachadh air ballrachd a' Bhùird-stiùiridh ann an 2005-6. Aig a' choinneimh bhliadhnaile san Damhair 2005 chaidh Catriona Dunn (Comhairle nan Eilean Siar) ath-thaghadh mar riochdaire nan ùghdarrasan mòr-chaitheimh. Chaidh Murchadh MacIomhair (Lannraig a-Tuath) agus Jean Nisbet (Siorrachd Àir an Ear) ath-thaghadh mar riochdairean nam ball cumanta. Dhaighnich Sabhal Mòr Ostaig Lachaidh Dick airson na colaiste a riochdachadh agus dhaighnich Comunn na Gàidhlig Dòmhnall Màrtainn mar an riochdaire acasan.

Chaidh Murchadh MacIomhair ath-thaghadh mar neach-cathrach a' Bhùird.

Choinnich am Bòrd Stiùiridh ceithir tursan, ann an Steòrnabhagh, Cearsiadar, Inbhir Nis agus Glaschu. Choinnich buidheann-obrach cuideachd san Òg-mhìos airson sùil a thoirt air ionmhas.

## 2.2 Luchd-obrach

Thàinig grunn atharrachaidhean air suidheachadh an luchd-obrach ann an 2005-6.

Bha Seònaig Shutharlanach agus Johan Nic a' Ghobhainn le chèile air fòrladh màthaireil bho shamhradh 2005 agus Sarah Gundry agus Sarah NicEachainn ag obair nan àite. Bha Sarah Gundry ag obair bhon an taigh ann an Dùn Èideann leis mar nach lorgadh oifis fhreagarrach dhi anns a' bhaile agus bha Sarah NicEachainn ann an oifisean a' Chompanaidh Iomairt Ionadail ann an Lionacleit am Beinn na Faoghla. Chaidh sineadh de shia mìosan eile a thabhann do Sarah Gundry san Dùbhlachd agus do Sarah NicEachainn sa Ghearran.

Leig Seònaig Shutharlanach seachad a dreuchd anns a' Ghearran airson tuilleadh ùine a chuir seachad le nighinn agus leig Johan Nic a' Ghobhainn fios gur ann air stèidh lughdachadh-uairean a thilleadh i, ag obair bhon taigh 1.5 latha san t-seachdain. Chaidh aontachadh agallamhan a chumail airson dà dhreuchd làn-ùine sa Chèitean. Chaidh dreuchd làn-ùine a thoirt do Sarah NicEachainn ach cha do chuireadh neach eile an dreuchd. Chaidh agallamhan eile a chumail san Òg-mhìos agus chaidh Ceitidh Mhoireach a chur an dreuchd. Thòisich Ceitidh aig toiseach na Sultain agus chaidh oifis a thabhann don Stòrlann le Comhairle Dhùn Èideann ann an Àrd-sgoil Liberton.

Dh'fhàg Mairead Dhòmhnallach Stòrlann san Dùbhlachd airson dreuchd Ceannard Thobar an Dualchais a ghabhail os làimh. Chaidh Màiri Kidd fastadh na h-àite ron Nollaig agus thòisich i san dreuchd aig toiseach a' Ghearrain. Tha Stòrlann a' toirt taing do Mhairread airson na h-obrach ionmhalta a rinn i fhad 's a bha i a' stiùireadh na buidhne.

Thàinig na h-iasadan-dreuchd aig Seònaid NicLeòid agus Ruairidh MacAoidh agus an cùmhnant geàrr-ùine aig Calum Rothach aig *gàidhlig air-loidhne* gu crìoch aig deireadh na h-Òg-mhìos agus chuir LTScotland an cèill grunn atharrachaidhean air suidheachadh sgioba a' phròiseict. Bhathar an dùil Oifigear Leasachaidh a chur an dreuchd aig LTScotland airson am pròiseact a stiùireadh an àite an Oifigeir Leasachaidh air iasad dreuchd a bh'aig Stòrlann roimhe. Bhathar an dùil airgead na darna dreuchd eile a thoirt do dh'ùghdarrasan ionadail airson treanadh ann an IT do thidsearan. Bhathar an dùil dreuchd buileach ùr a chruthachadh an àite na treas dreuchd a bh' ann le àrdachadh pàighidh agus measgachadh de dhleastanasan a' Cho-òrdanaiche agus an Neach Deasachaidh. Chumadh agallamhan airson na dreuchd ùir san Òg-mhìos agus chuireadh Calum Rothach an dreuchd. Chaidh obair-teagaisg aig Comhairle na Gàidhealtachd a thabhann do Chalum ge-tà agus dh'fhàg e san Lùnastal. Thathar an dùil agallamhan a chumail airson na dreuchd a-rithist san Damhair agus thathar a' feitheamh fios mu Oifigear Leasachaidh LTScotland.

### 3. Prìomh Gnìomhachd

#### 3. a. Am Prògram Eadar-ùghdarrais

Lean an Stòrlann a' toirt prìomhachas do phròiseactan a' phrògram eadar-ùghdarrais ann an 2005-6. Tha an clàr gu h-ìosal a' sealltainn nan goireasan ùra a chaidh fhoillseachadh tron phrògram agus obair eile a tha anns a' bheairt.

#### Air am foillseachadh

##### Goireasan Bun-sgoile

Pròiseact	Goireasan
Matamataig Heinemann Alba	Leabhraichean-obrach Sreath 1 agus 2 (ath chlo-bhualadh)
Storyworlds Heinemann	Sreath 9
Crosgagan	Nobhail ùr 'Oisein ann an Tìr nan Òg'
Sgòthan	2 nobhail do leughadairean ùra 'Eilidh agus a caraidean' agus 'Seumas'
GLPS	Geamaichean agus goireasan-lìn san sgeama 'Facal Furasta'
Discovery Worlds	Leabhraichean ìre D agus E

##### Goireasan Àrd-sgoile

Pròiseact	Goireasan
Solais	Nobhailean 'Tubaistean Spòrs' agus 'Mac an t-Sronaich'
Cruinn-eòlas aig Astar	Stuthan ùra airson a' chùrsa
Seadh	Freagairtean

#### Obair anns a' bheairt

##### Goireasan Bun-sgoile

Pròiseact	Goireasan	Ceann-latha
Matamataig Heinemann Alba	Ath chlo-bhualadh de leabhraichean-obrach Sreath 3	10/06
Storyworlds Heinemann	Foillseachadh Leabhraichean Dràma Sreathan 6-9	12/06
Storyworlds Heinemann	Foillseachadh Plana-obrach agus Earannan-leughaidh air Gàidhlig air-loidhne	03/07
Storyworlds Heinemann	Foillseachadh nan ath thiotalan an sreath nam 'Bridges'	03/07
Sgòthan	Foillseachadh 4 teacsaichean, ficsean agus neo-fhicsean	03/07
Crosgagan	Pasganan-taice airson nan nobhailean	12/06
Sàr Obair	Foillseachadh ìre C agus Leasachadh ìre B (stuthan-taice cànan)	03/07
Leabhar Mòr	Foillseachadh Leabhar Mòr air Cànan aig ìre A	03/07
Taic-ionnsachaidh	Foillseachadh sgeama-leughaidh a' togail air 'Facal agus Fuaim'	12/06
Taic-ionnsachaidh	*Deuchainnean Gàidhlig airson pasgan 'SNAP'	12/06
GLPS	Foillseachadh stuthan mu dheireadh na sgeama 'Facal Furasta'	01/07

Stuthan do chloinn fo aois 5	Goireasan air CD	03/07
Faclair na Sgoile	Foillseachadh ath-dheasachadh de Bhrìgh nam Facal	ri dhaighn.
Discovery Worlds	Foillseachadh ìre F agus 'ceanglaichean' ìre F	01/07
Bàrdachd	Cruinneachadh stuthan a thèid fhoillseachadh an 07-08	03/07
Saidheans	Foillseachadh stuthan airson clàr-geal aig ìrean A-C	02/07

\* Chaidh na stuthan seo a leasachadh le airgead-rannsachaidh MRG 2004-5

### Goireasan Àrd-sgoile

Pròiseact	Goireasan	Ceann-latha
Ficsean	Foillseachadh aon tiotal agus leasachadh 2 eile	03/07
Solais	Pasganan-taice airson nan nobhailean	12/06
Goireasan luchd-ionnsachaidh	Leabhar-teacsa aig ìre choitcheann +	03/07
Goireasan luchd-ionnsachaidh	Foillseachadh Abair Fhèin E! 3 agus stuthan-taice	03/07
Taic-ionnsachaidh	Foillseachadh ghoireasan air an simpleachadh air CD	03/07
Taic-ionnsachaidh	Foillseachadh 6 teacsaichean goirid le CDan	03/07
Cruinneachadh bàrdachd	Foillseachadh cruinneachadh do S3 + le stuthan-taice air-loidhne	03/07
Cruinn-eòlas	Leasachadh pròiseact 'Cruinn-eòlas aig Astar'	03/07
Neo-fhicsean	Foillseachadh thiotalan eile ann an sreath 'Beatha le Buaidh'	03/07
Language	Foillseachadh phostairean air gràmar agus cànan	01/07

A dh'aindeoin gainnead ionmhais chaidh adhartas a dhèanamh ann am mòran roinnean bunaiteach den churraicealam. Thathar air crìoch a-nis a chur air na naoi sreathan de 16 leabhraichean ann an sgeama leughaidh Storyworlds agus thathar air tòiseachadh air goireasan a chruthachadh do chloinn le Feumalachdan Sònraichte, le stiùireadh on phròiseact-rannsachaidh a chaidh a mhaoineachadh le MRG.

Chaidh cur ri goireasan na h-ìomairt *Gaelic Language in the Primary School* (GLPS) le tuilleadh gheamaichean stèidhichte air molaidhean luchd-trèanaidh a' phrògraim ann an Earra-Ghàidheal agus goireasan eadar-lìon.

Tha teagasg chuspairean tro mheadhan na Gàidhlig a' faighinn mòran aire gu nàiseanta an-dràsta tro obair Buidheann Gnìomhachaidh ICT Àrd-sgoile agus le fosgladh Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu. Tha e cudromach gun cruthaichear goireasan proifeasanta iomchaidh mu choinneamh nan leasachaidhean seo agus tha Stòrlann air comhairle MRG a shireadh a thaobh co-òrdanachadh eadar-ùghdarrais agus eadar-bhuidhneil air planadh roi-innleachdail air a shon seo.

Fhuaradh aithisg HMIE air pileat a' chùrsa air-loidhne Cruinn-eòlas aig Astar, a chaidh a ruith a-rithist do sgoilearan AS1 agus AS2 ann an sia sgoiltean air feadh na dùthcha le taic bho Stòrlann.

Fhuaradh gun robh stuthan agus taic a' chùrsa anns an fharsaingeachd glè fhreagarrach do dh'ìre nan sgoilearan agus gun robh ruigseannachd mhath ann. Thogadh air grunn raointean leasachaidh agus thathar air atharrachaidhean a chur an gnìomh anna sin airson seisean ùr na sgoile. Chaidh moladh gum biodh leantainneachd do AS3 agus AS4 ann agus chaidh tagradh gu Buidheann Gnìomhachaidh ICT Àrd-sgoile airson maoinachadh mu choinneamh leasachadh nan stuthan air a shon seo. Chaidh iarraidh air a' bhuidhinn cuideachd modal-stiùiridh a mholadh don chùrsa gus tìde luchd-obrach Stòrlann a shaoradh airson obair leasachaidh. Thathar a-nis a' feitheamh fios on bhuidhinn.

Bha Stòrlann a' co-obrachadh gu dlùth ri tidsearan agus luchd-foghlaim eile ann a bhith a' coilladh phròiseactan a' phrògram tron bhliadhna. As t-fhoghar chaidh sreath de choinneamhan-conaltraidh sgìreil a chumail le tidsearan agus bhathar gu deagh ìre a' nochdadh riarachadh le na stuthan a fhuarar. Thugadh comhairle seachad air prìomhachasan na h-ath-bhliadhna agus chuir seo ri leasachadh prògram 2006-7. Bhathar a' sònrachadh bheàrnan ge-tà nach gabh lìonadh às aonais àrdachadh mòr maoinachaidh.

### **3.b. Pròiseactan air am maoinachadh le buidhnean eile**

Le airgead deireadh-bliadhna bho Riaghaltas na h-Alba dh'fhoillsich Stòrlann leabhraichean na ciad agus na dàrna sreath de Storyworlds Drama, tiotalan san t-sreath neo-fhicsean Beatha le Buidh agus leabhar-teacs eachdraidh air Innleachdas. Chuir Riaghaltas na h-Alba agus Bòrd na Gàidhlig ri leasachadh Map-balla Alba agus stuthan-taice a thèid na chois, a nochdas air Gàidhlig air-loidhne.

Le maoinachadh o Bhòrd na Gàidhlig dh'fhoillsich Stòrlann CD de gheamaichean mar thaic don sgeama fonaigs 'Facal is Fuaim'. Chruthaichheadh [www.gaelic4parents.com](http://www.gaelic4parents.com), làrach-lìn le goireasan do phàrantan a bhios air a chur air bhog aig a' Mhòd Nàiseanta Rìoghail ann an Dùn Omhainn san Damhair. Chaidh pasgan do luchd-teagaisg ùr ann am foghlam coimhearsnachd fhoillseachadh mar thaic do luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig agus thug CLAD seachad comhairle agus fiosrachadh ann a bhith ga dheasachadh seo. Chuir Bòrd na Gàidhlig taic cuideachd ri foillseachadh stuthan-taice a thèid an cois an leabhair-theacs Gràmar na Gàidhlig.

## 4. Co-obrachadh agus tagraidhean

### 4.1 Pròiseactan Stòrlann/LTScotland

Chuir sgioba Gàidhlig air-loidhne crìoch air prògram treanadh nàiseanta ron t-samhradh anns an do thadhail iad air sgoiltean air feadh na dùthcha a' toirt treanadh agus taic do thidsearan ann a bhith a' cleachdadh an làraich. Tharraing seo ùidh mhòr agus leudaich cleachdadh an làraich mar thoradh air.

Bha Seònaid NicLeòid an làthair aig SETT anns an t-Sultain airson cuid de na goireasan ùra a nochdas air an làrach anns na mìosan ri tighinn a thaisbeanadh. Tha Stòrlann a' toirt taic do LTScotland le dearbhadh càileachd air an fhear as motha dhiubh seo, an cùrsa air-loidhne 'Gleans', a tha ag amas air taic a thoirt do thidsearan ann a bhith a' toirt an cuid Gàidhlig fhèin air aghaidh agus ann a bhith ag ionnsachadh riaghailtean gràmair a ghabhas cleachdadh nan teagasg.

### 4.2 Buidheann-obrach air Foillseachadh Gàidhlig

Bha Stòrlann air a riochdachadh air buidheann-obrach a chaidh a stèidheachadh le Bòrd na Gàidhlig airson roi-innleachd a chruthachadh a bheir foillseachadh Gàidhlig ann an Alba air adhart. Chaidh a' chiad dreachd de mholaidhean na buidhne a chur mu choinneamh a' Bhùird air a' mhìos sa chaidh agus thathar a-nis air Hecla Consulting fhastadh gus am pàipear a thoirt don ath ìre le cosgaisean is eile.

### 4.3 Co-obrachadh le buidhnean eile

Tha Stòrlann a' leantainn a' cho-obrachadh le roghain de dh'iomairtean eile:

Tha àite aig a' bhuidhinn air Comataidh Prògraman Foghlaim Gàidhlig a' BhBC agus bidh luchd-obrach an Stòrlainn a' tabhann comhairle air càileachd do Roinn Foghlaim BBC Craoladh nan Gàidheal

- Tha ceannard Stòrlann a' frithealadh choinneamh chom-pàirtichean aig Bòrd na Gàidhlig agus thathar a' cur fàilte air Achd na Gàidhlig, air a' chiad dreachd den Phlana Nàiseanta on Bhòrd agus air a' Mhanaidsear Foghlaim ùr, Rosemary Ward, a bhios ag obair ann an dlùth dhàimh leis an Stòrlann
- Tha Stòrlann a' gabhail pàirt ann am FlaT, pileat de phròiseact a tha ag amas air piseach a thoirt air leughadh agus sgrìobhadh sgoilearan sa bhun-sgoil. Chaidh am pileat a ruith le Siorrachd Àir an Ear agus thathar a-nis ga fhosgladh a-mach do dh'ùghdarrasan eile air feadh Alba
- Thathar an sàs an co-obrachadh le dà bhuidhinn sa Chuimrigh: Gomer, a tha a' foillseachadh sgeama leughaidh taic-ionnsachaidh; agus B-Dag a tha a' cruthachadh ghoireasan IT airson fonaigs don Stòrlann
- Tha Stòrlann air ceanglaichean a dhaighneachadh le CLAS (Comann Luchd-teagaisg na h-Àrd-sgoile) agus thathar an dùil beachdan thidsearan a shireadh a thaobh prìomhachasan ann an goireasan airson nan diofar chuspairean san àrd-sgoil aig co-labhairt na buidhne san t-Samhainn
- Thathar a' toirt taing do Chomhairle nan Leabhraichean airson taic le grunn phròiseactan-foillseachaidh agus airson comhairle càileachd
- Tha luchd-obrach on Stòrlann air a bhith an làthair aig grunn thachartasan ann an sgoiltean, colaistean is eile rè na bliadhna a' toirt seachad fiosrachadh mu obair na buidhne
- Thug CLAD seachad taic agus comhairle le deasachadh nan stuthan-taice do luchd-teagaisg ann am foghlam coimhearsnachd a bh' air am maoinachadh le Bòrd na Gàidhlig

Nochd iris de chuairt-litir an Stòrlainn san Dùbhlachd agus tha dùil ris an ath thè san Damhair agus thathar a' foillseachadh fiosrachadh mu ghnìomhachd nan diofar bhuidhnean innte sin, mar fhiosrachadh do na sgoiltean.

## 5. Leasachaidhean eile

Dh'fhoillsich Stòrlann Cuireadh-tairgse san luchar mar dhòigh gus tuilleadh fiosrachaidh a sgaoileadh do sgrìobhadairean, eadar-theangairean, foillsichearan agus eile mu na cothroman-cosnaidh an lùib foillseachadh a' phrògraim eadar-ùghdarras agus gus na ceanglaichean eadar Stòrlann agus na cunnradairean a tha a' coilladh pròiseactan a' phrògraim dhuinn a chur air stèidh nas èifeachdaiche. Shoirbhich leis a' Chuireadh le tòrr thairgsean làidir mu choinneamh nan diofar phròiseactan. Chuir luchd-tairgse fàilte air a' Chuireadh mar dhòigh-obrach shimplidh, soilleir agus fosgailte.

Tha Stòrlann cuideachd air tòiseachadh air siostaman IT na buidhne a leasachadh le ceangal bann-leathann is eile agus thathar an dùil tuilleadh obrach den t-seòrsa seo a ghabhail os làimh anns na mìosan ri teachd.

## 6. Geàrr-chunntas de Phrìomhachasan 2006-2007

Le mothachadh gur e deasachadh ghoireasan do sgoiltean am prìomhachas as cudromaiche, coileanadh an Stòrlann na leanas:

- prògram leudaichte de phròiseactan eadar-ùghdarras mar a thèid aontachadh le ùghdarrasan ionadail agus Bòrd na Gàidhlig
- tuilleadh ghoireasan a dheasachadh sa Ghàidhlig bho thùs
- co-obrachadh le buidhnean eile agus le ùghdarrasan plana roi-innleachdail airson libhrigeadh chuspairean san àrd-sgoil a chruthachadh agus a chur an gnìomh
- tuilleadh maoinachaidh a lorg airson leasachadh ghoireasan agus gach cothrom a chleachdadh gus àireamh agus càileachd fhoillseachaidhean a mheudachadh
- ceanglaichean a leasachadh le sòlaraichean ghoireasan taobh a-muigh Alba gus ionnsachadh bho fhiosrachadh chàich

**Ann a bhith a' leasachadh a sheirbheisean taice do thidsearan coileanadh an Stòrlann na leanas:**

- co-obrachadh le LTSotland gus am pròiseact *gàidhlig air-loidhne* a chur gu dol a-rithist le spionnadh ùr agus dealas seirbheisean a leasachadh do thidsearan Gàidhlig
- leasachadh a dhèanamh air ceanglaichean le agus eadar tidsearan Gàidhlig agus pàirt a ghabhail ann an tachartasan a tha air an cur air dòigh dhaibh
- tachartasan trèanadh eile agus in-sheirbheisean a libhrigeadh airson goireasan ùra a chur fa chomhair thidsearan

**Coileanadh an Stòrlann cuideachd na leanas:**

- sanasachd air obair is air a sheirbheisean cho farsaing 's a ghabhas
- co-obrachadh le buidhnean eile airson goireasan foghlaim a chur am meud
- trèanadh luchd-obrach a leasachadh agus tuilleadh leasachadh luchd-obrach a bhrosnachadh
- taic a thoirt do phàrantan cho fad 's a cheadaicheas ionmhas is ùine

Tha Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig a' coimhead air adhart ri tuilleadh leasachaidh a dhèanamh air a sheirbheisean do dh'fhoghlam Gàidhlig sa bhliadhna ri tighinn.